


Fàilte gu Eilean Chunnainn

- 's dòcha gun robh e mar phàirt dhen 'Cunndainn' no 'comar aibhnichean' às an d' fhuair an t-àite ainm. Tha pìos fearainn, deas air an eilean, a nochdas air mapaichean mar 'Coille Uisge', a-nise na thuathanas. Bha uaireigin uillt agus caochanan a' ruith thairis air seo. Direach gu sear air, tha an t-inbhir far a bheil Abhainn Chonainn agus an t-Uisge Dubh a' tighinn còmhla. Chan eil tùs an ainm 'Chonainn' soilleir; 's dòcha gu bheil e co-cheangailte ri 'cù, coin'. Uair a bh' ann, 's e 'Uisge Rathasaidh' a bh' air an Uisge Dhubh. Thathar dhen bheachd gun do dh'èirich seo à *hross-á* 'abhainn eich' ann an Seann




Corra-ghrithreach

Lochlannais; ma dh'fhaodte gu bheil an t-ainm a' dèanamh iomradh air seann sgeulachd mu each-uisge san abhainn.



Tha Eaglais Chunnainn coisrigte do Naomh Maolrubha – naomh na Comraich – agus chaidh a stèidheachadh ann an 690 AC, ged a thogadh an togalach a th' ann an-dràsta ann an 1490. Bha am mòr-shluagh measail air Maolrubha, agus chaidh 22 eaglaisean ainmeachadh air a shon ann an Alba. Bha e air a chuimhneachadh



cuideachd ann am fèill a chaidh a cheangal le 'Mourie', seann dia pàganach, anns an robh tarbh air iobairt às leth daoine a bha a' fulang leis a' bhreislich.

Tha grunn leacan agus carraighean intinneach anns a' chladh – a' gabhail a-steach uaigh Uilleim Laidlaw, rùnaire don sgrìobhadair ainmeil, Sir Bhaltair Scott. Chuir e seachad na làithean mu dheireadh aige ann an Rothagaidh, faisg air Cunndainn, cuide ri a bhràthair, Seumas,



Losgann



Bròg na Cuthaig



Tha seallaidhean matha ann gu Tòrr Aichillidh. 'S dòcha gu bheil Aichillidh fhèin a' ciallachadh 'àite àrd'. Tha e a' seasamh a-mach, agus thathar a' dèanamh dheth gum buin an cinneadh Mac an Lèigh dha.

'S dòcha gun robh dùn de sheòrs' air choreigin air mullach an torra, oir 's e 'Bruthach an Ràtha' – bruthach an t-seann dùin – a th' air aon taobh dheth. Chan eil sgeul air an dùn an-diugh, no eadhon guth air ann am beul-aithris.



Chan eil a h-uile ceum-coiseachd air a' mhapa freagarrach don a h-uile duine – gu tric tha iad garbh, le freumhaichean chraobhan orra. Faodaidh iad cuideachd a bhith fiuch no fo thuil.



Corcan-coille

Tha a' choille aig ceann a deas an eilein làn seann sruthan is amaran-uisge, agus feadhainn dhiubh domhain is bras aig cuid de h-amannan na bliadhna.

'S e coille feàrnach is uinnseannach a tha innte, agus tha inbhe shònraichte oirre aig ìre eadar-nàiseanta airson a fiadh-bheatha agus a puill ghrinnealach – mar a tha gu leòr de choilltean eile air eileanan agus ri taobh aibhnichean ann an sgìre Chunnainn.



Lus buidhe Bealltainn



Is urrainn faighinn gu fìor cheann a tuath an eilein – far am faighear faisg air an Uisge Dhubh. Tha seallaidhean matha ann cuideachd de na beanntan gu tuath air an eilean.



Flùr na gaoithe



Mu Thimcheall Chunndainn

Tha **'Preas Ma-ruibhe'** a' ciallachadh 'Am Preas aig Naomh Maolrubha'; tha beachd ann gu bheil an t-ainm a' comharrachadh an àite far an deach an naomh a mhurt le mèirlich. Ge-tà, tha gu leòr dhen beachd gun do chaill e a bheatha far a bheil seann eaglais Urchadain san Eilean Dubh, eadar Drochaid Sguideil agus Cùil Bhàicidh. 'S e a 'Preas Mairi' a chithear air mòran mhapaichean, ach tha sin ceàrr; 's e Preas Ma-ruibhe an riochd ceart air.



Seo far a bheil cladh Clann 'ic Coinnich na Cùile; tha càrn seòmarach ann a bhuineas do Nuadh-linn na Cloiche – tha comharraidhean cupa air a tha nas motha na 'chuid mhòr de sheòrsa ann an Alba. [Comharraidhean-clèithe mapa: NH 46090 55842](https://www.comharraidhean-clèithe.com)



Chaidh Eaglais Chunndainn ath-thogail grunn tursan, mar eisimpleir nuair a loisg na Dòmhnallaich gu làr i, a' marbhadh a h-uile duine na broinn, an dèidh cath le Clann 'ic Coinnich aig Blàr nan Ceann faisg air Baile Shiamais. [Comharraidhean-clèithe mapa: NH 47293 56869](https://www.comharraidhean-clèithe.com)

Taigh-òsta Taigh na Cùile – air a thogail ann an 1821, bha seo uaireigin le Cloinn 'ic Coinnich na Cùile, fear de ghrunn theaghlachan aig Cloinn 'ic Coinnich leis an robh a' chuid a bu mhotha dhen fhearann eadar Cunndainn air an taobh sear agus Toirbheartan ann an Ros an Iar: [Comharraidhean-clèithe mapa: NH 46261 56402](https://www.comharraidhean-clèithe.com)




'S e cabar fèidh seann suaicheantas Cloinn 'ic Coinnich.



A' Cheàrdach – 's dòcha an togalach as sine ann an Cunndainn. Bha gobha fhathast ag obair innte aig toiseach an 21mh linn. A rèir beul-aithris, chaidh an t-each aig Teàrlach Òg Stiùbhart a chruadhachadh

an seo ann an 1746. Sheas am Prionnsa air 'Clach an Rìgh', a tha a-nise mar phàirt de bhunait an togalaich, agus dh'iarr e air muinntir an àite taic a thoirt dha. [Comharraidhean-clèithe mapa: NH 45841 55991](https://www.comharraidhean-clèithe.com)

Coille nan Còig Acraichean – seo coille choimhearsnachd anns a bheil fìor dheagh chraobhan daraich is faidhbhile, le ainmhidhean iongantach ann an cruth snaidhte ri taobh nan ceumanna coiseachd innte. Tha a' choille a' dol a dh'ionnsaigh sgìre-thaigheadais Sealladh an Torra agus troimhe sin a dh'ionnsaigh grunn cheumanna coille eile – faicibh <https://forestryandland.gov.scot/visit/contin>: [Comharraidhean-clèithe mapa: NH 45761 56202](https://www.comharraidhean-clèithe.com)



Fiosrachadh feumail

Bùth Chunndainn – fosgailte 7 latha
Garaid Mhic a' Ghobhainn- 01997 421472

Taigh-òsta Taigh na Cùile
www.coulhousehotel.com

Bothan Cofaidh aig a' Cheàrdaich
www.facebook.com/bothanchofaidh/

Raon campachaidh is charabhanaichean
www.lochness-chalets.co.uk

Coille eileanan Chonainn
<https://sitelink.nature.scot/site/8230>

Càrn seòmarach 'Preas Mairi'
<https://canmore.org.uk/site/12447/preas-mairi>



Tha pàirc-chàraichean na h-eaglaise aig comharra-clèithe NH 45673 55778



[contincc](https://www.contincc.com)

Tha a' bhileag seo mar phàirt de phròiseact aig Comhairle Coimhearsnachd Chunndainn a tha a' toirt sùil air 'dè tha a' fàgail Chunndainn sònraichte?'

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig:
www.community-council.org.uk/contin

Ainmean-àite Gàidhlig
<http://www.rossandcromartyheritage.org/Community/Garve/Places/Place-Names.aspx>

Chithear gu leòr de dh'ainmean-àite na sgìre air-loidhne an seo –
<https://tinyurl.com/y6f2kk4z>

Tha sinn taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic ann a bhith a' dèanamh na bileig seo, agus airson taic bho Foundation Scotland bhon stòras choimhearsnachd EDF-Renewables Corriemoillie Contin.



EILEAN CHUNNDAINN

'Comar nan aibhnichean'

